

# PE1922: Cuir às do chaiteachas nan Ùghdarrasan Ionadail uile air leudachadh Gàidhlig

A' gairm air Pàrlamaid na h-Alba coiteachadh air Riaghaltas na h-Alba cùl a chur ri leudachadh na Gàidhlig.

## Gnìomhan air an gabhail roimhe

Air a sgrìobhadh gu BPA Ghrianaig is Inbhir Chluaidh agus do Bhuill Taobh an Iar na h-Alba

## Cùl-fhiosrachadh

Nam bharrail:

1. Chan eil fèill air Gàidhlig ann am Meadhan na h-Alba
2. Tha srian air maoinachadh agus bu chòir a chosg le gliocas
3. Chan eil fianais sam bith ann gur h-e Gàidhlig an cànan "nàiseanta" (ach a-mhàin ann an Èirinn)

Chan eil feum againn air airgead tearc a bhith ga chosg air sanasan san dà chànan air rathaidean is rèilichean, eadar-theangachaidhean sgrìobhainnean is làraichean-lìn, foghlam-cànain do luchd-obrach Ùghdarrasan Ionadail. An do dh'fhàs sinn cho beairteach s' gu bheil sinn a' cur thairis le airgead? Tha mi den bheachd nach eil buannachd eaconamach sam bith ann am pròiseact a tha dìomhain is faoin.

Air a chruthachadh le Douglas Capon